

---

**Semeastar 1 2008-09**

B.A. Cànan agus Cultar na Gàidhlig

---

<b>Tìotal a' Mhodail:</b>	Eachdraidh agus Leasachadh a' Chànain
<b>Còd a' Mhodail:</b>	USMQ51509
<b>Ceann-là/Uair/Ùine:</b>	Diciadain 10 den Dùbhlachd 2008
<b>Uair/Ùine:</b>	09.30 gu 11.30

'S fhiach an deuchainn seo **50%** de na comharran a ghabhas faighinn gu h-  
iomlan sa mhodail.

**Stiùireadh airson na deuchainn seo:**

Tha faclairean Gàidhlig ceadichte san deuchainn seo, ach chan eil leabhraichean no notaichean sam bith eile ceadichte.

Gheibhear còig mionaidean airson na ceistean a leughadh aig toiseach na deuchainn. Chan fhaod oileanaich càil a sgrìobhadh sna còig mionaidean seo.

Feumaidh tu Ceist 1 a fhreagairt agus dà cheist eile.

Cuir an àireamh oileanaich agad, agus àireamh an ionaid-mheasaidh a-mhàin aig mullach gach leabhair-fhreagairt. Na cuir d' ainm air gin de na duilleagan. Cuir loidhne tro notaichean nach eil thu ag iarraidh a bhith air an cunntad

Faodaidh tu am pàipear le na ceistean a thoirt a-mach à seòmar na deuchainn.

---

1. (*Feumaidh a h-uile duine a' cheist seo a fhreagairt*)

Cuir Gàidhlig an latha an-diugh air an earrainn a leanas [60], agus freagair na ceistean na cois [40]:

Na deich Aitheanta, *Exodus 20*

Do labhair DIA na briathra [o uile ag radh, Is mi]e an Tighearna do DHIA, an neach tug thu]a amach as talamhna *Heghiphte*, as tigh na daoirse.

I. Na biodh Dee ar bith eile agad am fhiaghnuis[e].

II. Na dean duit fein iomhaigh ghrabhailta, no en-fhioghair neithe ata [huas air neamh, no ar talmhuin a bhos, no [a nui]ge faoi thalmhuin, na geill]i dhoibh, agus na dean [eirbhis doibh. Oir mi]e an Tighearna do DHIA, is DIA eadmhar me, [eanas aingidhachd na naithreadh air an gcloinn, gu nuige an treas no an ceathramh cem no glun ghinealuigh air an droing fhuathuigheas me, agus a fhoill]igheas trocaire do mhiltibh don droing a ghradhuigheas me, agus a choimheadas maitheanta.

[60] ['Cataichiosm Aithghear' 1725]

a) Tha mearachdan clò sna faclan 'jeanas' (sic) agus 'choimheadas' (sic), ged a bha iad air an litreachadh ceart anns an deasachadh roimhe seo (1694). Litrich gu ceart iad. [5]

b) Tha dà eisimpleir san teacs seo far a bheil dà fhacal air an ruith còmhla mar aon, 's dòcha le mearachd. Cò iad? [10]

c) Dè na tuiséalain a tha rim faicinn sna faclan 'neithe', 'faoi thalmhuin', na naithreadh' 'ghinealuigh' 'do mhiltibh'? [15]

d) An canadh tu gu bheil an teacs seo nas coltaiche ris a' chànan ghnàthaichte, no ris a' Ghàidhlig chlasaigeach? Carson? [10]

**Freagair dà cheist a-mach à ceistean 2 – 10**  
*Tha 100 comharra air gach ceist.*

2. Uaireannan, cha bhi mòran a bharrachd air crìochan poilitigeach a' dealachadh dà chànan – mar eisimpleir, ged a nì sinn sgaradh oifigeil eadar 'Fleimis' sa Bheilg agus 'Duidsis' san Òlaind chan aithnich luchd-bruidhinn cus deifir eatorra. An e aon chànan no dà chànan a tha aig Gaidheil na h-Alba is na h-Èireann?
3. A bheil Ó Buachalla ag ràdh nach robh *Gàidhlig Choitcheann* riamh ann agus nach eil brìgh sam bith anns na sgrìobh Jackson mun dàimh eachdraidheil eadar Gàidhlig na h-Alba agus na h-Èireann?
4. Ciamar a tha fuaimneachadh na Gàidhlig air atharrachadh ann an Alba bho àm na Seann-Ghàidhlig gu àm na Nuadh-Ghàidhlig?
5. Dè cho cudthromach 's a tha làmh-sgrìobhainnean mar *Leabhar Fhearnaig*, *Leabhar Wardlaw*, *Leabhar an Deadhain*, no *Leabhar Dhèir* agus dè tha iad ag innse dhuinn mu dheidhinn sgrìobhadh is labhairt na Gàidhlig?
6. Dè a' bhuaidh a dh'fhàg Carsuel air a' Ghàidhlig?
7. An e poileasaidh na Stàite, (mar a bha Reachdan Eilean Idhe, agus Achdan Foghlaim seann Phàrlamaid na h-Alba), poileasaidh na h-Eaglaise, no dìreach atharrachaidhean eaconomach is sòisealta a lagaich a' Ghàidhlig eadar àm an Ath-Leasachaidh agus àm nam fuadaichean?
8. A bheil a' chrìoch eadar a' Ghaidhealtachd 's a' Ghalldachd mar a dh' aithnichear i an-diugh dha-rìribh a' comharrachadh crìochan eachdraidheil na Gàidhlig? Dè an fhianais a tha againn?
9. Nad bheachd fhèin, an do chuidich poileasaidhean Pròstanach bho àm an Ath-Leasachaidh ri crìonadh na Gàidhlig no ri buannachadh na Gàidhlig?
10. An do steidhich Carsuel, no Clann Mhic Mhuirich, no am Bìoball 's an Eaglais, no sgrìobhadairean na 19mh linn, no na sgoiltean, no na h-oilthighean, no GOC nòsan aontaichte, aithnichte airson litreachadh na Gàidhlig? No an e nach robh ann riamh ach brochan?

deireadh a' phàipeir